

BÒRD NA GÀIDHLIG

ACHD ATH-LEASACHADH NAN SEIRBHEISEAN POBLACH (ALBA) 2010: AITHRIS AIRSON 2018/19

Fo Achd Ath-leasachadh nan Seirbheisean Poblach (Alba) 2010, tha dleastanas oirnn, mar a tha air buidhnean poblach eile ann an Alba, aithrisean poblach fhoillseachadh gach bliadhna air na chosg sinn a thaobh nan raointean a leanas:

- Dàimh poblach
- Siubhal thall thairis
- Aoigheachd is fèisteas
- Seirbheisean comhairleachaidh bhon taobh a-muigh

Cuideachd fon Achd, feumaidh buidhnean poblach fiosrachadh fhoillseachadh air:

- Suimeannan nas motha na £25,000 a chaidh a phàigheadh
- Luchd-obrach/Buill a gheibh tuarastal a tha nas motha na £150,000.

Cuideachd fon Achd, feumaidh buidhnean poblach aithris fhoillseachadh air na ceumannan a ghabh iad sa bhliadhna ionmhais gus:

- Taic a thoirt do agus cur ri fàs seasmhach nuair a bha iad a' coileanadh nan dleastanasan aca.
- Na dleastanasan aca a choileanadh ann an dòigh nas èifeachdaiche, nas buadmhoire agus nas caomhntaiche.

Achd Ath-leasachadh nan Seirbheisean Poblach (Alba) 2010	
Bòrd na Gàidhlig airson na Bliadhna Ionmhais 2018-19	
Seòrsa Cosgais	Na chaidh a chosg ann an 2018/19
Dàimh poblach	£75,453
Siubhal thall thairis	£955
Aoigheachd is fèisteas	£5,027
Seirbheisean comhairleachaidh bhon taobh a-muigh	£0
Suimeannan nas motha na £25,000 a chaidh a phàigheadh	£1,958,638
Tuarastalan a tha nas motha na £150,000	Neònaidh

Mar deidhinn

'S e buidheann phoblach neo-roinneil ghnìomhach a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a tha cunntachail tro Mhinistearan do Phàrlamaid na h-Alba.

Air a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (An Achd) 's e Bòrd na Gàidhlig a' phrìomh bhuidheann ann an Alba le uallach gus leasachaidhean Gàidhlig a chur air adhart agus gus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba mu chùisean Gàidhlig.

Fon Achd, 's iad dleasan coitcheann a' Bhùird—

(a) ag adhartachadh, agus a' cuideachadh le bhith ag adhartachadh —

(i) cleachdadh agus tuigsinn na Gàidhlig, agus

(ii) foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,

(b) a' toirt comhairle (nuair a thèid iarraidh air no nuair a tha e ga mheas iomchaidh) do Mhinistearan na h-Alba, buidhnean poblach agus daoine eile a tha coileanadh dhleasan poblach air cùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,

(c) a' toirt comhairle (nuair a thèid iarraidh air) do dhaoine eile air cùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig,

(d) a' sgrùdadh mar a thèid Cairt Eòrpach nan Cànan Roinneil no nam Mion-chànan (5 Samhain 1992) a chur an gnìomh a thaobh na Gàidhlig agus aithris a dhèanamh air sin do Mhinistearan na h-Alba.

Gheibhear làn-fhiosrachadh air obair Bhòrd na Gàidhlig san aithisg bhliadhnail is cunntasan againn. <http://www.gaidhlig.scot/bord/corporate/corporate-policies/>.

A' toirt taic do dh'fhàs seasmhach

Ged nach eil Riaghaltas na h-Alba air targaidean co-cheangailte ris an àrainneachd a stèidheachadh do Bhòrd na Gàidhlig fhathast, tha sinn a' cur sùim mhòr ann an cùisean àrainneachd agus bidh sinn a' cur mhodhan-obrach an sàs a tha math don àrainneachd nuair as urrainn dhuinn. Nì sinn ar dìcheall gus obrachadh ann an dòigh sheasmhach a thaobh na h-àrainneachd agus brosnachaidh sinn daoine, nar n-obair, gu bhith gan giùlan fhèin ann an dòigh a tha math don àrainneachd.

Am measg nan iomairtean a chaidh a chur an sàs gus a' bhuaidh a th' aig a' Bhòrd air an àrainneachd a lùghdachadh bha: a' cumail choinneamhan gun phàipear le bhith a' cleachdadh *tablets*, a' cumail choinneamhan fòn is bhidio nuair a b' urrainn dhuinn, agus a' lùghdachadh an uiread siubhail a bh' aig luchd-obrach is Buill a' Bhùird ri dhèanamh.

Tha am Frèam Coileanaidh Nàiseanta – 'Alba a' Soirbheachadh' – a' tomhas agus a' cumail sùil air mar a tha Alba a' coileanadh adhbhar is cinn-uidhe ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba. Tha e a' stèidheachadh 16 Builean Nàiseanta a tha a' cur an cèill na tha an Riaghaltas airson a choileanadh. Tha na Builean Nàiseanta a' toirt stiùireadh do dh'obair bhuidhnean a tha fo sgèith an Riaghaltais agus tha iad a' toirt dhaibh structar soilleir a thaobh na bu chòir dhaibh a bhith a' coileanadh nan obair. Ged a tha an obair againn a' cur gu ìre ris a h-uile buil, cumaidh Bòrd na Gàidhlig sùil gu sònraichte air ar n-ìrean-coileanaidh mu choinneamh seachd dhiubh.

Èifeachdas, buadhachd is caomhnadh

Tha Bòrd na Gàidhlig a' sior lorg chothroman gus an obair aige a dhèanamh nas èifeachdaiche, cosgaisean a lùghdachadh agus piseach a thoirt air na seirbheisean aige. Tha aige ri dèanamh cinnteach nach eil maoinean luach £100,000 no nas motha (2% den teachd-a-steach bhliadhnail) aige aig deireadh na bliadhna ionmhais agus tha aige ri dèanamh cinnteach nach cosg e barrachd na gheibh e mar mhaoineachadh, agus 's e am prìomh shùm taic-airgid a gheibh e an Tabhartas gus Cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba.

Bithear daonnan a' sireadh dhòighean anns gach raon-obrach againn gus cur ri èifeachdas is buadhachd obair a' Bhùird. Tha prìomh oifis a' Bhùird stèidhichte ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn, Inbhir Nis. Tha sinn a' dèanamh feum de na h-oifisean an sin còmhla ri Dualchas Nàdair na h-Alba tro aonta airson seirbheisean co-roinnte. Bithear a' cleachdadh cuid de na h-oifisean eile far a bheil luchd-obrach a' Bhùird stèidhichte tron aon dòigh-obrach. Tha an dòigh-obrach seo gus cosgaisean a lùghdachadh air a bhith ann bho 2012. Bithear a' feuchainn ri cho beag àite 's as urrainnear a chleachdadh agus bithear a' toirt deasg do neach-obrach mar a bhios feum air no a rèir clàr-dleastanais mar thaic don cheann-uidhe seo. Bithear cuideachd, nuair as urrainnear, a' faotainn sheirbheisean eile, leithid comhairle a thaobh chùisean sgiobachd, tro sheirbheisean co-roinnte.

Suimeannan nas motha na £25,000 a chaidh a phàigheadh			
Ceann-latha	Air a phàigheadh do	Adhbhar	Sùm £
23.04.2018	Comhairle Baile Dhun Eideann	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	71,200
01.05.2018	An Comunn Gaidhealach	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	39,400
04.05.2018	Comhairle nan Leabhraichean	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	59,750
04.05.2018	Comunn na Gàidhlig	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	108,750
04.05.2018	Ionad Chalum Chille	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	27,500
08.05.2018	Storlann	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	76,250
21.06.2018	Comhairle na Gaidhealtach	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	68,898
21.06.2018	Feisean nan Gaidheal	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	36,000
12.07.2018	Comunn na Gàidhlig	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	108,750
18.07.2018	Ionad Chalum Chille	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	27,500
18.07.2018	Theatre gu Leor	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	38,500
12.07.2018	An Comunn Gaidhealach	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	39,400
22.08.2018	Comhairle nan Eilean Siar	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	56,000
27.08.2018	Comhairle nan Leabhraichean	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	59,750
05.09.2018	Comhairle na Gaidhealtach	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	25,840
06.09.2018	Comhairle na Gaidhealtach	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	41,800
12.09.2018	Storlann	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	76,250
14.09.2018	Comhairle Baile Dhun Eideann	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	31,200
02.10.2018	Comhairle nan Eilean Siar	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	56,000

09.10.2018	Comunn na Gaidhlig	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	93,750
01.11.2018	Ionad Chalum Chille	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	27,500
23.11.2018	Comhairle nan Leabhraichean	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	58,250
23.11.2018	Feisean nan Gaidheal	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	36,000
23.11.2018	Feisean nan Gaidheal	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	26,000
06.12.2018	Comhairle nan Eilean Siar	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	30,400
17.12.2018	Storlann	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	56,250
21.01.2019	Comunn na Gaidhlig	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	93,750
12.02.2019	Comhairle nan Leabhraichean	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	58,250
12.02.2019	Feisean nan Gaidheal	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	26,000
14.02.2019	Oilthigh Strath Cluaidh	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	32,000
22.02.2019	Ionad Chalum Chille	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	27,500
07.03.2019	Storlann	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	56,250
07.03.2019	Giglets	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	39,200
08.03.2019	Tobar an Dualchais	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	35,000
13.03.2019	Reach Publishing Services	Duaisean Gàidhlig	30,000
29.03.2019	Oilthigh Strath Cluaidh	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	64,000
29.03.2019	Comhairle nan Eilean Siar	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	74,800
29.03.2019	Sabhal Mor Ostaig	Tabhartas Leasachadh Gàidhlig	45,000
		iomlan	1,958,638